

# Prionnsapal



Fios mun Dreuchd

[www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

Tha Sabhal Mòr Ostaig na charthannas clàraichte an Alba SC002

Tha sinn toilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh ann an dreuchd Prionnsapal an t-Sabhail Mhòir. Tha sinn air a bhith gu math fortanach Prionnsapalan a bhith againn a bha lèirsinneach agus dealasach an dà chuid a thaobh leasachadh na Colaiste agus leasachadh na Gàidhlig. Tro shealladh Iain Nobail, chaidh seann sabhal a chur gu feum ann an 1973 agus a-nise, ann an 2017 tha sinn an seo mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, le iomadh togalach is clach-mhìle air ar cùlaibh agus sinn nar lòchran airson math na Gàidhlig. 'S e lèirsinn, dealas, stiùireadh làidir is spionnadh na feadhna a chuir taic ris a' Cholaiste sna tràth bhliadhnaichean a leig leis an t-Sabhal an ìre aig a bheil e nis a ruighinn. Tha sinn an dòchas gu bheil sibh fhèin den aon fheallsanachd agus gum bi sibh a cheart cho deònach Sabhal Mòr a thoirt chun na h-ath ìre, a' cur air bhonn an ro-innleachd fharsaing a th' againn anns na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus an seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn. Tha 101 neach-obrach sa Cholaiste (cuid aig astar) agus tha eachdraidh làidir againn a bhith ag obair mar sgioba le dàimhean làidir agus feallsanachd co-obrachail. Seo mar a tha am fiosrachadh air a chur a-mach dhuibh:

1. Cùrsaichean is Oileanaich
2. Structar na Colaiste
3. Suidheachadh Ionmhais na Colaiste
4. Fiosrachadh Feumail Eile
5. Tuairisgeul-obrach
6. Sònrachadh Pearsa
7. Cumhachan Obrach
8. Fios mu Iarrtas

Tha sinn an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtais a thoirt chun na h-ath ìre. Ma tha ceistean sam bith agaibh no ma tha am barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh faodar fònadh thugainn aig àm sam bith.

Le deagh dùrachdan



---

às leth Sgioba Stiùiridh na Colaiste  
01471 888 301  
[nnt.smo@uhi.ac.uk](mailto:nnt.smo@uhi.ac.uk)

*Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba. Tha a' Cholaiste ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.*

*Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air clù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar ionad airson cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànan, a' chultair agus nan ealan agus thathas an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.*

## ***“Far am faigh a h-uile neach cothrom pàirt a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig”***

### **Amas na Colaiste**

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairginn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart. Tha a' Cholaiste na h-àite foghlaim làn-Ghàidhlig agus na h-àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, le sàbhaladh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig mar phrìomh adhbhar na Colaiste.

### **Luachan na Colaiste**

#### **A' brosnachadh Co-ionannachd**

Tha co-ionannachd aig cridhe obair na Colaiste anns a h-uile dòigh

#### **Miann**

A' togail air soirbheachas mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig gus coimhearsnachd na Gàidhlig a mhisneachadh agus a neartachadh

#### **A' Ghàidhlig**

Tha an cànan aig cridhe obair na Colaiste agus tha sinn a' dèanamh a h-uile oidhirp airson a neartachadh agus a leasachadh anns gach raon de ar n-obair

#### **Sàr-ionad**

Tha a' Cholaiste stèidhichte airson a bhith na shàr-ionad foghlaim, rannsachaidh agus leasachaidh, ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is com-pàirteachaidhean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e mar amas dhuinn taic a chur ri ar n-oileanaich agus ri ar luchd-obrach a chum maith am beatha.

#### **Aig cridhe na Coimhearsnachd**

Tha Sabhal Mòr Ostaig aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig, aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

#### **Daoine**

'S iad ar daoine - luchd-obrach, oileanaich, buill ar coimhearsnachd agus ar luchd-ceuma a tha sgapte air feadh an t-saoghail, an neart as moth' a th' againn. Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth còmhla riutha gus an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil.

### **Fosgailte agus Onarach**

Tha soirbheachas na Colaiste an crochadh gu mòr air a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu h-onarach agus gu fosgailte agus a bhith dìreach nar conaltradh ris gach neach leis a bheil sinn ag obrachadh

### **Ùr-ghnàthach**

Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh dhi fhèin mar shàr-ionad ùr-ghnàthach aig cridhe leasachadh na Gàidhlig

### **A' Cur ri luach eaconamach agus sòisealta**

Tha buaidh mhòr aig obair an t-Sabhail Mhòir air eaconamaidh agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha a' Cholaiste a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' sgaoileadh nam buannachdan sin a tha i a' cruthachadh gu maith ar coimhearsnachdan air fad.

### **Ar Sealladh**

Bidh Sabhal Mòr Ostaig mar:

**Shàr ionad nàiseanta is eadar-nàiseanta airson na Gàidhlig**  
**Shàr ionad foghlaim is rannsachaidh**  
**Shàr ionad dha na Meadhanan is na h-Ealain Ghàidhlig**  
**Phrìomh ionad ionnsachaidh na Gàidhlig**  
**Shàr ionad cleachdaidh na Gàidhlig**  
**Phrìomh àite-obrach na Gàidhlig**  
**Làn chom-pàirtiche ann an libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

## **1. Cùrsaichean is Oileanaich**

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Am-bliadhna, tha 218 oileanach clàraichte air cùrsaichean àrd-ìre agus bha 906 oileanach againn am-bliadhna air na cùrsaichean goirid (àm na Càisge agus as t-Samhradh). A bharrachd air sin, tha mu 140 air a' Chùrsa Inntigidh - cùrsa astair do luchd-tòiseachaidh. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus à diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd. Ann an 2016-17 thàinig oileanaich nan cùrsaichean goirid à còrr is fichead dùthaich.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chàinain. Bidh sinn a' comharrachadh 1,000 neach-ceumnachaidh aig Ceumnachd na bliadhna san Dàmhair.

### **Foghlam Leantainneach**

Cùrsaichean Goirid - Gàidhlig - gach ìre  
Cùrsaichean Goirid - Ceòl - measgachadh  
An Cùrsa Inntigidh - do luchd-tòiseachaidh air astar

### **Foghlam Ard ìre**

An Cùrsa Adhartais - do luchd eadar-mheadhanach air astar  
An Cùrsa Comais - do luchd eadar-mheadhanach (làrach is astar)  
Gàidhlig is Conaltradh - bliadhna càinain do dh'fhileantaich (làrach)

### **Ceumannan**

BA (Urr) Gàidhlig is Leasachadh  
BA (Urr) Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta  
BA (Urr) Gàidhlig is na Meadhanan  
BA (Urr) Gàidhlig is Foghlam (teisteanas teagaisg na lùib)  
BA (Urr) Cànan is Cultar na Gàidhlig  
Dioplòma anns na Meadhanan Gàidhlig (PDA)

### **For-cheumannan**

MSc Gàidhlig is Eachdraidh na Gàidhealtachd  
Modal ann an Sgilean Deasachaidh  
Sgilean Eadar-theangachaidh (ga dhearbhadh)  
PG Cert Cultar agus Dualchas na h-Alba (astar)  
STREAP - do thidsearan

Cothroman MLitt agus PhD.

## 2. Roinnean na Colaiste

### ROINN AN FHOGLAIM AGUS RANNSACHAIDH

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag obair aig ìre foghlam leantainneach, àrd ìre agus aig ìre rannsachaidh. Tha sinn a' tabhann chùrsaichean mar a leanas:

Tha an Iar Phrionnsapal, Iain Tormod MacLeòid, os cionn na roinne seo agus tha e ag obair gu dlùth le sgiobaidhean taobh a-staigh Oilthigh na Gàidhealtachd. Tha obair Rannsachaidh na Colaiste a' sìor dhol am meud agus chaidh cliù na Colaiste a mheas aig àrd ìre san REF 2014 is tha sinn ag amas air an ath REF 2021. Chithear barrachd mun inbhe rannsachaidh againn [an seo](#). Tha an Dr. Gillian Rothach a' stiùireadh obair rannsachaidh na Colaiste.

### ROINN LEASACHAIDH

Tha leasachadh aig cridhe feallsanachd an t-Sabhail Mhòir. Tha dà phrìomh leasachadh a' dol air adhart an-dràsta. Tha iad sin nam pàirt do leasachadh na Cille Bige far a bheil sinn ag amas air baile Gàidhlig a chruthachadh le Gàidhlig aig cridhe na cùise. Chaidh a' chiad dà thaigh a thogail am-bliadhna is dà theaghlach air gluasad a-staigh air a' mhìos seo chaidh. Tha sinn cuideachd an teas-mheadhain obair rannsachaidh a thaobh Ionad Spòrs is Slàinte a tha sinn am beachd a thogail anns na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn. 'S e pròiseactan fa leth a th' annta seo agus bidh Donaidh Rothach a' stiùireadh na roinne seo agus tha Urras Leasachaidh againn a bhios a' cur ri maoinachadh nan leasachaidhean seo.

### ROINN CHORPORRA AGUS IONMHAIS

Tha an Stiùiriche Corporra agus an Stiùiriche Ionmhais os cionn roinnean agus buidhnean corporra na Colaiste nam measg ionmhas, aoigheachd, ICT, sgiobachd, margaideachd agus pròiseactan. Tha conaltradh, leasachadh luchd-obrach agus leasachadh gnìomhachais mar phàirt chudromach den roinn corporra. Bidh an sgioba ionmhais a' cumail taic ri pròiseactan taobh a-muigh na Colaiste cuideachd m.e. Ionad Chalum Chille Ile, Cànan agus Urras Choimhearsnachd Shlèite. Bidh Stiùiriche Ionmhais ùr a' tòiseachadh san t-Samhain.

Bidh a' Cholaiste a' ruith agus a' cumail cho-labhairtean tron bhliadhna nuair nach bi oileanaich an seo agus tha an teachd-a-steach gu math cudromach dhan Cholaiste. Tha cothrom ann seo a leudachadh ach 's e oileanaich làn-ùine am prìomhachas agus chan eil e comasach an dà chuid a dhèanamh air an làrach aig aon àm air sàillibh gainnead àiteachan-fuirich.

Chithear structar na Colaiste an [seo](#).

### 3. Suidheachadh Ionmhais na Colaiste

Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' faighinn maoinachadh bhon Riaghaltas (Scottish Heritage Act), bhon Chomhairle Mhaoineachaidh (airson foghlam leantainneach) agus tro OGE airson foghlam àrd-ìre. A bharrachd air sin tha tabhartasan sònraichte a' tighinn thugainn m.e. rannsachadh, tha sinn a' togail airgid tro chisean chùrsaichean agus tro aoigheachd agus àiteachan-fuirich sa Cholaiste.

Gheibhear sealladh air cunntasan 2015-16 [an seo](#) agus thathas ag obair air cunntasan 2016-17 aig an àm seo.

#### **Sgrìobhainnean feumail eile**

[Ro-innleachd 2017-21](#)

[Plana Cànan na Colaiste 2017-22](#)

[Aonta Thoraidhean \(Outcome Agreement\)](#)

[Sgeama Co-ionannachd na Colaiste](#)

[Plana Gnìomh Gnè](#)

#### 4. Fiosrachadh Feumail Eile

##### **Àrainneachd Bheothail**

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal):

Tha iomadh togalach againn air an làrach agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

##### **Togalaichean**

##### **Àrainn Ostaig (AO)**

Seo am prìomh togalach, an sabhal fhèin, far an do thòisich cùisean ann an 1973. Thathas ga chleachdadh a-nis airson chèilidhean san Talla Mhòr, ionad-spòrs beag, oifisean air mhàl agus àite coinneachaidh nan oileanach fhèin. Tha seòmraichean caidil agus stiùidio clàraidh fuaim cuideachd stèidhichte aig AO.

##### **Ionad Iain Nobail**

Seo an togalach às ùire aig a' Cholaiste. Chaidh fhosgladh ann an 2015 leis a' Phrìomh Mhinistear Nicola Sturgeon. An seo tha roinn rianachd na Colaiste, cuid den luchd-teagasg is rannsachaidh agus clasaichean a' chiad bhliadhna de dh'oileanaich. Tha oileanaich rannsachaidh na Colaiste agus an companaidh Cànan cuideachd suidhichte an seo.

##### **Fàs**

Seo agaibh an togalach airson buidhnean is gnìomhachasan cruthachail is cultarail le measgachadh de phròiseactan is chompanaidhean stèidhichte ann.

##### **Àrainn Chaluim Chille (ACC)**

Seo far am bi tòrr dhen teagasg is ionnsachadh a' gabhail àite, agus tha an Iar-Phrionnsapal, an Leabharlann agus an t-seòmar bidhe an seo. Tha àiteachan-fuirich air gach taobh dheth.

##### **Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)**

SOILLSE

Faclair na Gàidhlig

Ainmean Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

##### **Companaidhean agus Buidhnean leis a' Cholaiste**

Fàs Mòr - ionad cùram chloinne

Cànan (CGS) - Companaidh iomadh-mheadhanach na Colaiste

SkyeSpace - stiùidio agus goireasan clàraidh

##### **Luchd-màil**

Dualchas - ailtirean

Seumas O Baoighille Ltd - gnìomhachas ionadail

DEARG - Bùth ghibhtean

Seafood Safety Assessment Ltd.

UHI

SEALL

Sealladh - companaidh riochdachaidh telebhisein

Young Films



### 5. Tuairisgeul-obrach

#### Stiùireadh agus Lèirsinn

- Stiùireadh na Colaiste gu ruige a cuid amasan ro-innleachdail
- Cumail taic agus comhairle dhan Bhòrd Stiùiridh a thaobh adhartas na ro-innleachd
- Cruthachadh cultair a tha a' riochdachadh luachan na Colaiste airson luchd-obrach is oileanaich
- Brosnachadh nan oileanach, an luchd-obrach is na coimhearsnachd a thaobh lèirsinn na Colaiste, mar Ionad Eadar-nàiseanta airson cànan is cultar na Gàidhlig
- Riochdachadh na Colaiste aig ìrean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta le bhith a' cruthachadh dhàimhean làidir, mar eisimpleir le buidhnean taobh a-muigh na Colaiste a leithid a' Chomhairle Mhaoineachaidh, OGE, an Riaghaltas, Bòrd na Gàidhlig, buidhnean Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus buidhnean coimhearsnachd
- Dearbhadh gu bheil siostaman air dòigh airson a bhith a' tomhas, a' stiùireadh agus a' meas obrach a rèir phlanaichean
- Aithneachadh agus cruthachadh chothroman a bheir piseach air obair na Colaiste
- Toirt taic don sgioba mar mhanaidsear, a' stiùireadh na Buidhne-gnìomha agus a' dearbhadh gu bheil a h-uile duine a' tarraing air an aon ràmh

#### Stiùireadh an Fhoghlaim

- Dearbhadh gu bheil leasachadh agus libhrigeadh nan cùrsaichean a' coileanadh feumalachdan luchd-cleachdaidh na Colaiste agus nam buidhnean aig a bheil ùidh
- Àrdachadh ìrean coileanaidh anns gach raon den fhoghlam le bhith a' leasachadh agus a' neartachadh deagh-ghnè ann an teagasg, rannsachadh agus ionnsachadh
- Stiùireadh, leasachadh agus neartachadh siostaman deagh-ghnè air feadh na Colaiste gus taic a chumail ri leasachadh sgilean, ionnsachadh agus luachaidhean an sgioba-obrach
- Dearbhadh gum bi na h-ìrean foghlaim agus deagh-ghnè a' coileanadh feumalachdan nam buidhnean ath-dhearbhaidh. Dearbhadh gu bheil oileanaich aig cridhe an ionnsachaidh agus gu bheilear a' dèiligeadh ri beachdan nan oileanach ann an dòigh fhreagarrach
- Dearbhadh gu bheil na cùrsaichean a' freagairt air feumalachdan saoghal na Gàidhlig san roinn obrach

#### Gnìomhachas agus Oighreachdan

Mar Oifigear Cunntachail na Colaiste, bidh e an urra ribh:

- Dearbhadh gu bheil dòighean iomchaidh an sàs airson smachd a chumail air na goireasan ionmhais, daonna agus oighreachd agus gu bheilear ag aithris air is a' leasachadh nan goireasan seo ann an dòigh iomchaidh
- Stiùireadh seasmhachd na Colaiste tro phlanaichean ionmhais fad-ùine
- Aithris dhan Bhòrd air gnothaichean ionmhas na Colaiste gus leigeil leis a' Bhòrd co-dhùnaidhean iomchaidh a dhèanamh
- Coileanadh buidseat agus cunntasan bliadhna na Colaiste airson aonta a' Bhùird gach bliadhna

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

- Stiùireadh phlanaichean leasachaidh agus ro-innleachdan airson seasmhachd na Colaiste
- Cleachdadh sgilean an luchd-obrach anns na dòighean as iomchaidh agus as cruthachaile gus airgead ùr a thogail airson na Colaiste
- Gabhail uallaich airson Clàr Chunnartan na Colaiste agus Slàinte is Sàbhailteachd air feadh na Colaiste

### Riaghladh Èifeachdach

- Dearbhadh gum bi a' Cholaiste a' coileanadh uallaichean agus a' leantainn stiùiridh anns a' Chòd Riaghlaidh airson Cholaiste
- Obrachadh gu dlùth le Cathraiche a' Bhùird airson dearbhadh gu bheil a' Cholaiste ag obair mar bu chòir agus air a riaghladh ann an dòigh iomchaidh
- Dearbhadh gum faigh am Bòrd agus na Comataidhean pàipearan iomchaidh, slàn agus ann an deagh-àm, a leigeas leotha co-dhùnidhean a dhèanamh agus an cuid uallaichean agus dleastanasan a choileanadh

*Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus a' mhanaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.*

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

## 6. Sònrachadh Pearsa

Bidh an neach a shoirbhicheas:

- Fileanta sa Ghàidhlig an dàrna cuid labhairt agus sgrìobhadh le ùidh mhòr airson adhartachadh a' chànain anns a h-uile dòigh a ghabhas a choileanadh
- Le seasamh agus cliù mar thosgair na Gàidhlig
- Comasach air fianais a thoirt seachad air stiùireadh agus a' misneachadh buidheann-obrach
- Mac-meanmnach anns na dòighean-obrach agus ann a bhith a' smaoinichadh air dòighean ùra an cànan adhartachadh
- Làn chomasach a thaobh sgilean rianachd
- Fìor chofhurteil a bhith ag obair còmhla ri diofar bhuidheann de dhaoine agus a' brosnachadh luchd-obrach
- Comasach air ceanglaichean agus dàimhean a neartachadh aig diofar ìrean - m.e. ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta
- Cofhurteil a bhith a' dèiligeadh ris na meadhanan
- Fìor mhath air conaltradh ri daoine aig diofar ìrean agus air pàipear agus aghaidh ri aghaidh
- Comasach iad fhèin a ghiùlain ann an dòigh fhreagarrach agus a chuireadh ri cliù na Colaiste

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

**Clàr Sgilean**

<b>Sgilean</b>	<b>Riathanach</b>	<b>Miannach</b>
<b>Foghlam</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ceum (le Urram)</li> <li>• Fianais gu bheillear dealasach a thaobh leasachadh proifeasanta agus pearsanta</li> <li>• Teisteanas stiùiridh no fianais gun do rinneadh leasachadh proifeasanta a thaobh stiùireadh luchd-obrach</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Barantas for-cheum</li> <li>• Seasamh ann an saoghal an fhoghlaim</li> </ul>
<b>Sgilean Gàidhlig</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Làn-fhileanta sa Ghàidhlig</li> <li>• Eòlach air a bhith a' leasachadh is a' brosnachadh na Gàidhlig</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Teisteanas anns a' Ghàidhlig</li> <li>• Fianais air obair le buidhnean Gàidhlig</li> </ul>
<b>Eòlas</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Fianais de stiùireadh ro-innleachdail aig àrd ìre</li> <li>• Eòlas air saoghal an fhoghlaim agus/no an rannsachaidh</li> <li>• Eòlas air cruthachadh agus neartachadh dhàimhean le daoine aig diofar ìrean</li> <li>• Tuigse mhath mu uallaichean ionmhais agus deagh riaghladh</li> <li>• Fianais de stiùireadh bhuidseatan agus smachd air ionmhas</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tuigse mun t-saoghal phoilitigeach a thaobh cholaistean is foghlam àrd ìre</li> <li>• Tuigse mu laghan agus riaghladh cholaistean</li> <li>• Fianais de chruthachadh sruthan airgid ach le tuigse mu chunnartan. Tuigse a thaobh cùram dhaoine òga agus inbhich so-leònte</li> </ul>
<b>Sgilean agus Comasan</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Comas daoine a stiùireadh agus a bhrosnachadh gus toirt orra a bhith ag obair aig àirde an cuid chomasan</li> <li>• Sàr sgilean eadar-phearsanta</li> <li>• Comas a bhith a' cumail ri buidseatan teann</li> <li>• Comas luchd-obrach a chomhairleachadh agus a stiùireadh</li> <li>• Sgilean sgrùdaidh math</li> <li>• Sàr sgilean conaltraidh - labhairt agus sgrìobhte</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Sgilean gnìomhachais is cruthachail</li> <li>• Cead-siubhail</li> </ul>

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

### 7. Cumhachan Obrach

<b>Tìotal an Dreuchd:</b>	Prionnsapal
<b>Àite:</b>	Sabhal Mòr Ostaig
<b>Seòrsa Dreuchd :</b>	Làn-ùine agus leantainneach
<b>Tuarastal:</b>	£72,000
<b>Sgeama Peinsein:</b>	Tha sgeama peinsein aig a' Cholaiste tro Scottish Widows
<b>An urra ri:</b>	Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir
<b>Dleastanasan Stiùiridh:</b>	Iar-phrionnsapal, Stiùirichean, Rùnaire

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

## 8. Fios mu Iarrtasan

**Ma tha ùidh agaibh bu chòir dhuibh litir chòmhdachaidh agus cunntas-beatha a chur gu:**

Stiùiriche Corporra  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8QR

no air post-d gu [nnt.smo@uhi.ac.uk](mailto:nnt.smo@uhi.ac.uk)

Ma tha sibh ag iarraidh còmhradh neo-fhoirmeil a chumail mun dreuchd, faodaidh sibh fònadh gu Aideen Ni Mhaille, Cathraiche a' Bhùird air **07962 969 108** no ri Nicola NicThòmais, an Stiùiriche Corporra, air **01471 888 301**.

**Ceann-là airson iarrtasan:** Dihaoine 3 an t-Samhain 2017 5f

**Agallamhan:** Dihaoine 17 an t-Samhain ann an Inbhir Nis

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*